

DREUCHD	Oifigear Càraidh
ROINN	An Oighreachd
FO STIÙIR	Oifigear Oighreachd
TUARASTAL	£26,890 - £31,671
ÀITE-OBACH	Sabhal Mòr Ostaig, Teanga, An t-Eilean Sgitheanach, IV44 8RQ

ADHBHAR NA DREUCHD

Tha an t-Oifigear Càraidh fo stiùir an Oifigeir Oighreachd, agus tha e an urra ris an Oifigear Chàraidh cuideachadh le bhith a’ dèanamh cinnteach gu bheil oighreachd na Colaiste air a gleidheadh, agus air a cumail sàbhailte agus sgiobalta.

Bidh an neach-dreuchd a’ dèanamh caochladh ghnìomhan gleidhidh is càraidh, cuid dhiubh a tha air am planadh agus cuid eile gus dèiligeadh ri suidheachaidhean a dh’èireas, gus dèanamh cinnteach gu bheil toglaichean, fearann, àiteachan-fuirich, uidheamachd agus goireasan na Colaiste air an cumail ann an deagh staid agus gu bheil, tron obair sin, àrainneachd shàbhailte is aoigheil ann do dh’oileanaich, luchd-obrach agus luchd-tadhail. San dreuchd bidh thu ag obair ann an com-pàirt ri co-obraichean, cunnradairan agus luchd-cleachdaidh nan seirbheisean gus dèiligeadh gun dàil agus gu h-èifeachdach ri rudan a tha feumach air an gleidheadh no càradh air feadh àrainn na Colaiste.

PRÌOMH DHLEASTANASAN

Gleidheadh is Càradh:

- A’ dèanamh diofar ghnìomhan gleidhidh gu cunbhalach agus gus dèiligeadh ri rudan a dh’èireas, leithid beagan obair chàraidh, saorsainneachd, peantadh is sgeadachadh, a’ cur ghlasan ùra a-staigh, a’ cur uidheam solais ùr a-staigh, obair DIY san fharsaingeachd.
- A’ dèiligeadh ri iarrtasan airson obair ghleidhidh is chàraidh bho luchd-obrach is oileanaich a rèir chlàran-ama aontaichte.
- A’ dèanamh sgrùdadh gu cunbhalach air toglaichean, àiteachan-fuirich, fearann, agus goireasan gus easbaidhean, trioblaidean, feumalachdan gleidhidh, agus cùisean slàinte is sàbhailteachd a chomharrachadh.
- Ag innse dhan Oifigear Oighreachd mu chùisean gleidhidh, cunnartan agus cothroman gus nithean a leasachadh.

A' Cumail Rian air agus a' Gleidheadh na h-Oighreachd agus an Fhearainn:

- A' dèanamh cinnteach gu bheil àrainn, toglaichean, fearann, slighean, agus raointean-parcaidh na Colaiste air an gleidheadh ann an staid shàbhailte, ghlan agus sgiobalta.
- A' dèanamh obair ghleidhidh air fearann na Colaiste, leithid a' gearradh feur, a' togail sgudal, agus obair ghleidhidh ràitheil.
- A' dèanamh cinnteach gu bheil slighean-inntrigidh, slighean a-steach, slighean-coiseachd, agus àiteachan a-muigh glan is sgiobalta gun duilleagan, sneachd no deigh, no rudan eile a dh'fhaodadh a bhith cunnartach.

Slàinte is Sàbhailteachd:

- A' cuideachadh le bhith a' dèanamh cinnteach gu bheilear a' cumail ris gach lagh, poileasaidh is modh-obrach buntainneach a thaobh slàinte is sàbhailteachd.
- A' cuideachadh le sgrùdaidhean, measaidhean slàinte is sàbhailteachd agus obair co-cheangailte ri bhith a' cumail rian air cunnartan.
- A' dèanamh cinnteach gun tèid obair ghleidhidh a dhèanamh gu sàbhailte agus a rèir mhodhan-obrach na Colaiste.
- A' gabhail uallach airson do shlàinte is sàbhailteachd fhèin agus a' cuideachadh le bhith a' stèidheachadh àrainneachd shàbhailte do dhaoine eile.
- A' cuideachadh nuair a dh'èireas suidheachadh èiginneach agus a' coileanadh dhleastanasan a dh'fhaodadh a bhith ort leithid Neach Ciad Chobhair no Neach-faire Teine, às dèidh dhut trèanadh freagarrach fhaighinn.

Taic a thaobh Ghoireasan:

- A' cuideachadh le bhith a' gluasad no a' cur air dòigh àirneis, uidheamachd, solar, no nithean eile a thèid a chur thugainn.
- A' cuideachadh le bhith a' cur sheòmrachan is ghoireasan air dòigh airson tachartasan agus nithean eile a bhios a' tachairt aig a' Cholaiste.
- A' cumail sùil air staid carbadan na Colaiste agus ag innse mu uireasbhaidhean sam bith no ag innse mu dheidhinn ma tha iad feumach air seirbheis.

Siostaman agus Ag Obair le Cunnradairean:

- A' cuideachadh le obrachadh nan siostaman teasachaidh, rabhaidh-teine, agus siostaman rian eile airson nan toglaichean agus a' cuideachadh le bhith a' cumail sùil orra nuair a tha sin a dhìth.
- Ag obair le agus a' conaltradh ri cunnradairean bhon taobh a-muigh a tha ag obair air an làrach agus a' cuideachadh le bhith gan leigeil a-staigh a dh'àiteachan agus le bhith a' cumail sùil air an obair aca nuair a tha sin freagarrach.
- A' cumail chlàran ceart de dh'obair ghleidhidh, sgrùdaidhean, agus obair a tha dèanta.

- Ag obair còmhla ri co-obraichean ann an Roinn na h-Oighreachd, Roinn na h-Aoigheachd, Seirbheisean nan Oileanach, agus ann an roinnean eile gus dèanamh cinnteach gun tèid ri dèiligeadh ri iarrtasan a thaobh obair ghleidhidh gu h-èifeachdach.
- A' conaltradh ri luchd-obrach, oileanaich, luchd-tadhail, agus cunnradairan ann an dòigh phroifeiseanta is mhodhail.
- A' gabhail chothroman trèanaidh is leasachaidh freagarrach.
- A' gabhail dhleastanasan reusanta eile os làimh a tha freagarrach airson ìre agus uallaichean na dreuchd.

Comasan an Neach-obrach

	Riatanach	Comasan a bhiodh nam buannachd	Dòigh Mheasaidh – Iarrtas no Agallamh
Teisteanasan agus trèanadh proifeiseanta no dreuchdail	Cead-dràibhidh iomlan	Cead D1 air a' chead-dràibhidh agad	Iarrtas no Agallamh
Sgilean	Sgilean gleidhidh is càraidh practaigeach Sgilean TF bunaiteach Tuigse bhunaiteach air riathanasan Slàinte is Sàbhailteachd agus modhan-obrach sàbhailte Comasach air mothachadh dha cunnartan agus aithris a dhèanamh air cùisean no trioblaidean gleidhidh ann an dòigh fhreagarrach Deagh sgilean eagrachaidh agus math air rian a chumail air agus deagh fheum a dhèanamh de dh'ùine	Neach-labhairt Gàidhlig no deònach Gàidhlig ionnsachadh	Iarrtas no Agallamh

	Deagh sgilean conaltraidh agus a thaobh a bhith a' toirt seirbheis seachad		
Eòlas	Eòlas air a bhith a' dèanamh obair ghleidhidh airson toglaichean, fearann no goireasan		Iarrtas no Agallamh

Uairean san t-Seachdain

Bidh an Sgioba Càraidh ag obair 35 uairean a thide san t-seachdain.

Fòrladh Bliadhnail

Gheibh thu 35 làithean-saora le pàigheadh gach bliadhna, a' gabhail a-steach làithean-saora poblach.

Buannachdan:

Gheibh thu grunn bhuannachdan matha leis an obair, leithid:

- Obair fad na bliadhna
- 35 làithean de dh'fhòrladh bliadhnail
- Sgeama peinnsein ris am bi sinn a' cur taic
- Sgeama Àrachais airson Bàs Luchd-obrach ann an Seirbheis (mar phàirt dhen bhallrachd agad san sgeama pheinnsein)
- Sgeama math airson pàigheadh-euslainte
- Poileasaidhean a tha taiceil do dhaoine aig a bheil teaghlach
- Sgeama gus Dol a dh'Obair air Baidhsagal
- Cothroman trèanaidh is leasachaidh
- Cothrom a dhol gu gym air làrach na colaiste (airson cosgais bheag gach bliadhna)
- Gheibh thu biadh nuair a bhios tu ag obair
- Cothroman gus sgilean Gàidhlig ionnsachadh is a leasachadh